

COIMISEAN NA CROITEARACHD

GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH A' CHOIMISEIN ANN AN TAIGH A' GHLINNE MHÒIR AIR 22 ÒGMHIOS 2016

An làthair:	Cailean Ceanadach	Neach-gairm
	IG MacDhòmhnail	Iar-Neach-gairm
	Daibhidh Caimbeul	Coimiseanair
	Marina Dennis	Coimiseanair
	Caitlin Nic na	Coimiseanair
	Ceàrdaich	
	Murchadh	Coimiseanair
	MacIllinnein	
	Caitriona	Àrd-oifigear
	NicIlleathain	
	Donna Nic	Ceannard Siostaman
	a'Ghobhainn	Fiosrachaidh
	Daibhidh	Neach-lagha a' Choimisein
	MacFhionnlaigh	
	Eòsaph	Ceannard Riaghlaidh
	MacIlleChiar	
	Iain Toal	Ceannard Poileasaidh
	Posy NicRath	Manaidsear Chonaltraidhean
	Sine NicThòmais	Ceannard C&CS / Rùnaire
		Geàrr-chunntais
	Trudi Sharp	Roinn Urrasachd
	Lucy NicIlleMhìcheil	Roinn Urrasachd

1 FÀILTE AGUS LEISGEULAN

Fhuair eadh leisgeulan bho na leanas:

Arnie Pirie

Chuir an Coimisean fàilte air a' Bh-uas Sharp agus a' Bh-uas NicIlleMhìcheil chun na coinneimh agus thug e taing dhaibh airson a bhith an làthair.

2 FOILLSEACHADH COM-PÀIRT

Cha robh com-pàirt sam bith ri fhoillseachadh sa phàirt phoblach den choinneamh.

3 AONTA DO DHREACHD GEÀRR-CHUNNTAS 4 CÈITEAN 2016

Chaidh aonta a chur ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 4 Cèitean 2016 le ùmhlichd do na h-atharrachaidhean a leanas:

Duilleag	Nì	Paragraf	Teacs Atharraichte / A Bharrachd
1	Frithealach		Cuir beàrn eadar oifigearan agus BBC Alba

1	2	Seantans mu dheireadh	Cuir “às aonais Coimiseanair MacIllinnein” aig deireadh na seantans.
2	4	Seantans mu dheireadh	Cuir ‘Manaidsear Chonaltraidhean’ às dèidh ‘Bh-ph NicRath’.

4 CÙISEAN AG ÈIRIGH BHON CHOINNEAMH MU DHEIREADH

Chaidh na Puingean Gnìomha bhon choinneamh mu dheireadh air 4 Cèitean 2016, ath-sgrùdadh:

- Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gu bheil sinn a’ feitheamh ri Clàran Alba a thaobh faotainneachd ghoireasan airson leantainneachd air obair Clàraidh Fearann Ionaidh. A thaobh na ro-innleachd làimhseachaidh, thabhaich a’ Bh-uas NicIleMhìcheil cuideachadh bhon Roinn Urrasachd ann am briathrachas nan litrichean deireannach.
- Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gu bheil litir air a dreachadh ach gun a dhol a-mach fhathast gu Riaghaltas na h-Alba mu dhraghan leantainneach a thaobh phàighidhean tuathanais a tha fadalach. Dhaingnich a’ Bh-uas Sharp gun robh a’ chùis seo na h-àrd-phrìomhachas don roinn, agus gun dèanadh i cinnteach gum bi an stuth conaltraidh a tha air a chur a-mach gu cunbhalach le RPID air a chur air adhart gun Choimisean. Dheigheadh draghan a’ Choimisein, gu h-àraid a thaobh mar a bha dàil a’ toirt buaidh air daoine òga, a thoirt air ais gun Roinn Urrasachd.

5 PÀIPEARAN ADHARTAICHTE AIRSON AONTA

(a) Roinneadh

Rinn Coimiseanairean deasbad agus dhaingnich iad aonta don phàipear a chaidh a chuartachadh roimhe air post-d. Bha iad toilichte gun tug e iomradh air an dealas a thaobh taic a chur ri obrachadh coimhearsnachdail.

Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gu bheil còir air tagradh airson òrdugh roinnidh ach chan eil còir dleasanach air aonta, oir feumaidh airidheachd na cùise a bhith air a sgrùdadh ’s air a cothromachadh.

Rinn an Coimisean deasbad air adhbharan airson bitheantas obair choimhearsnachdail ann an cuid de dh’aiteachan seach àiteachan eile, ag ràdh gur dòcha gun robh aithneachadh air a leithid sin de dhiofaran mar chùis airson reachdas eile san àm ri teachd.

Co-dhùnadh	Dh’aontaich an Coimisean beachdachadh a bharrachd a dhèanamh air a’ mhodh roinnidh aca, le iomradh air buileachadh an òrdugh roinnidh aig àm co-dhùnaidh agus air a chur an gnìomh aig àm clàraidh agus atharrachaidhean sam bith eile a bhathar a’ meas iomchaidh.
-------------------	--

(b) Ath-leigeil

Mhìnich an Ceannard Riaghlaidh gun robh buidheann obrach air a stèidheachadh gus beachdachadh air a’ chùis seo. Bho thaobh poileasaidh, is e an aon chlaonadh bhon phoileasaidh choitcheann a tha fàbharach dhaibhsan às aonais croit, ann an cùisean

chroitean gabhte le roinn ionaltraidh. Bhiodh seo gus an roinn a cho-cheangal leis a' chroit.

Dh'aontaich an Coimisean ris a' Phàipear.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean pròiseas ath-sgrùdaichte de leigeil air croitean falamh agus croitean-seilbhe stèidhichte air na molaidhean sa phàipear.
-------------------	--

(c) Sinnsearachd

Thug neach-lagha a' Choimisein cùl-fhiosrachadh seachad mun phàipear agus mhìnich e mar a dh'fhaodas atharrachaidhean a bha san amharc san lagh, buaidh a thoirt air croitearan. Tha e comasach don Choimisean tagradh a dhèanamh gu Aonad Ath-leasachaidh an Lagh Chatharra tràth san luchar. Thuirt a' Bh-uas Sharp gun robh an roinn àiteachais air a fo-riochdachadh san fharsaingeachd anns a cho-chomhairle, agus mar sin bhiodh tagradh bhon Choimisean na ghluasad deimhinneach, gu h-àraid cuimsichte air a bhith a' comharrachadh nan diofaran eadar croitearachd agus sinnsearachd 'àbhaisteach'.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean gun dreachadh neach-lagha a' Choimisein tagradh gun cho-chomhairle, airson a chuartaich gu Coimiseanairean tràth san luchar agus bu chòir cuireadh a thoirt do dh'Aonad Ath-leasachaidh an Lagh Chatharra gu coinneamh Bùird gus ceadachadh do na nithean sin an deasbad.
-------------------	---

6 ÙR-FHIOSRACHADH MU CHLÀRADH FEARANN IONALTRAIDH

Chaidh a' chùis seo a thoirt gu coinneamh phoblach a' Bhùird an dèidh deasbad sa Chèitean roimhe sin. Bha Ceannard nan Siostaman Fiosrachaidh a' sireadh daingneachadh an robh no nach robh an Coimisean airson aontachadh ri Roghainn 1 den phàipear agus stad den obair fhor-ghnìomhach air clàradh ionaltraidhean, mar thoradh air dìth ghoireasan

An dèidh deasbaid, chaidh aontachadh ann an cùisean far a bheil clàradh ga shireadh agus am pròiseas gus a bhith crìochnaichte, gun lean an Coimisean gu deireadh a' phròiseis agus airson sin a dhèanamh, gum bi an t-Àrd-Oifigear mar Oifigear Cunntachail a' dreachadh pàipear don Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, agus feumar buidseatan atharrachadh da rèir. Dhaingnich i gur e caiteachas a tha seo nach eil air a bhuidseatadh agus dhaingnich Ceannard nan Siostaman Fiosrachaidh gu bheil còrr air ceud cùis a dh'fhaodadh a bhith sa bhuidheann a chaidh aontachadh gu h-àrd.

Thuirt a' Bh-uas NicIleMhìcheil gur e cothrom ionnsachaidh a bha seo do Riaghaltas na h-Alba, a thaobh 's gun robhar a' coimhead sa chiad àite ri clàradh 100%. Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gun robh e a-riamh na dhragh don Choimisean (agus an Coimisean roimhe sin) nach b' urrainnear na dleastanasan ùra air an cur sìos le Achd 2010, a bhith air an liubhairt air bunait cosgais neo-phàirteach. Dh'aontaich na h-uile gur e an ceann-uidhe ionaltraidhean a chuideachadh agus ghabh a' Bh-uas Sharp os làimh obrachadh còmhla ris an Àrd-Oifigear air na ghabhas a liubhairt.

Co-dhùnadh	Dh'aontaich an Coimisean leantainn air adhart le giullachd Chlàraidhean Ionlaidh a tha gus a bhith crìochnaichte, agus atharrachaidhean sa bhuidseat a shireadh tro phàipear gun Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.
-------------------	---

7 BUIDHNEAN OBRACH GEÀRR-AMAIL

Dh'aithris an Ceannard Riaghlaidh gu bheil dà bhuidheann ann gu làithreach (aon ag ath-sgrùdadh foirmean tagraidh agus fear eile a' coimhead ris a' phròiseas roinnidh) ach cha robh a h-aon seach a h-aon air coinneachadh o chionn ghoirid a thaobh 's gun robh an obair a chaidh aontachadh leis na buidhnean ga adhartachadh le oifigearan.

8 TACHARTASAN PLANAICHTE NO FRITHEILTE

Bha an t-Iar-Neach-gairm Mac Dhòmhnaill air ceithir tele-coinneamhan a fhrithealadh ach cha b' urrainn dha coinneamh le Comann an Ùir a fhrithealadh, mar a bha e an dùil.

Bha an Coimiseanair Dennis air trì tele-coinneamhan a fhrithealadh, coinneamh ann an Leòdhas sa Chèitean, agus aig deireadh an Ògmhios bhiodh i a' fhrithealadh coinneamh buidheann Croit Fearann-choilltean, mar neach-amharc.

Fhritheil an Coimiseanair Nic na Ceàrdaich aon tele-coinneamh agus coinneamh taisbeanaidh, agus bha i dripeil le gnothaichean croitearachd ann an Sealtainn.

Fhritheil an Coimiseanair MacIllinnein diofar tele-coinneamhan, coinneamh shònraichte den Bhòrd, Èisteachd ann an Tiriodh, coinneamh shònraichte JCC còmhla ris an Àrd-Oifigear, coinneamh le Cumhachd an Rubha / Sanndabhaig mu thurbainean air fearann ionaltraidh agus tachartas fosglaidh Ceannach Oighreachd Coimhearsnachd na Pàirce. Bha e gu bhith a' fhrithealadh na buidhne thar-phàrtaidh an ath-sheachdain ann an Dùn Èideann.

Bha an Coimiseanair Caimbeul air diofar choinneamhan den Choimisean a fhrithealadh, Èisteachd ann an Tiriodh, coinneamh ann an Leòdhas, co-labhairt Fearann is Oighreachdan na h-Alba ann an Dùn Èideann agus a' planadh obair le Stèidheachd Asainte, agus dh'fhaodadh gum foillsich e com-pàirt a thaobh sin, ma bhios e riatanach.

Bha an Neach-gairm Ceanadach air a bhith ann an Leòdhas dà thuras agus ann an Tiriodh air ceann-gnothaich a' Choimisein le coinneamhan cuideachd le Riaghaltas na h-Alba, ceithir tele-coinneamhan agus coinneamhan Coimisein ann an Inbhir Nis agus a' choinneamh thar-phàrtaidh ann an Dùn Èideann a dh'aithghearr.

9 AITHISG SGRÙDAIDH GHEARANAN

Mhìnich Ceannard Sheirbheisean Corporra is Theachdaichean gum feumadh am buidheann mar phàirt de dhleastanasan a' Choimisein fo Achd Ath-leasachaidh Sheirbheisean Poblach, modh-obrach na àite airson dèiligeadh le gearanan bho bhuill den phoball. Bha am modh-obrach seo air a bhith fo sgrùdadh fad seachdaine le Scott-Moncrieff. Nochd an aithisg a thàinig a-mach às gun robh smachdan làidir aig a' Choimisean nan àite, agus dìreach a' togail air cùisean beaga taigheadais a tha a-nis air an cur an gnìomh.

Thug Coimiseanairean taing do gach neach airson an adhartais a bha dèante san raon seo agus bha iad toilichte gun d' fhuair am modh-obrach a leithid de mholadh deimhinneach.

10 CEANN-LATHA NA h-ATH CHOINNEIMH

Bidh an ath choinneamh den Choimisean air 17 Lùnastal 2016 ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir. Aig a' choinneamh sin, thèid iarraidh air Coimiseanairean an Aithisg is Cunntasan Bliadhnail a shoidhnigeadh dheth. Dhaingnich Ceannard Sheirbheisean Corporra is Theachdaichean gun deigheadh dreachd a chur gun Roinn Urrasachd agus na Coimiseanairean, gun dàil.

11 GNOTHAICH SAM BITH EILE



Mar thoradh air Uilleam Swann èirigh às a dhreuchd, mhol an t-Iar-Neach-gairm MacDhòmhnaill gu foirmeil an Coimiseanair MacIllinnein mar Chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Chaidh taic a chur ris an seo le Coimiseanair Dennis. Dhaingnich an t-Àrd-Oifigear gun sgrìobhadh i litir gu Mgr Swann às leth a' Choimisein, a' toirt taing dha gu h-àraid airson a' chuideachaidh luachmhor a thug e seachad le obair na Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.

Co-dhùnadh	Chaidh an Coimiseanair MacIllinnein a chur an dreuchd mar Chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.
-------------------	--

12 GNÀTH-RIAGHAILTEAN

Mhìnich an Ceannard poileasaidh gum b' e pàipear fadalach a bha seo air a tharraing on a bha e air fàs follaiseach gu bheil dà atharrachadh a dhìth airson na Gnàth-riaghailtean nua-aimsireil.

Bha feum aig Puing 13 a bha a' toirt iomradh air cumail choinneamhan, air iomradh a thoirt mu choinneamhan air an cumail air bhidio agus tele-co-labhairteadh. Chaidh aontachadh na Gnàth-Riaghailtean atharrachadh gus a shoilleireachadh gum faod coinneamhan bun-reachdail a' Choimisein a bhith a' cunntadh iad sin air bhidio no tele-coinneamh. Chaidh aonta a chur ris an atharrachadh a bharrachd aig Puing 16.


Co-dhùnadh	Dh' aontaich an Coimisean ris an atharrachadh air na Gnàth-Riaghailtean gus sealltainn gum faod coinneamhan bun-reachdail a' Choimisein a bhith a' gabhail a-steach iad sin a tha air an stiùireadh le bhidio agus modhan tele-coinneamh, agus gum faod deasbad a bhith air post-d.
-------------------	--

13 TOIRMEASG MHEADHANAN IS POBALL

14 ÙR-FHIOSRACHADH GNOTHAICH DEATAMACH

AONTA DO DHREACHD GEÀRR-CHUNNTAS COINNEAMH SHÒNRAICHTE AIR 9 CÈITEAN AGUS 7 ÒGMHIOS 2016

Chuir Coimiseanairean aonta ri dreachd Geàrr-chunntas 9 Cèitean 2016, le ùmhlachd don atharrachadh air duilleag 2 sa Bhogsa Cho-dhùnaidhean, 

Chuir Coimiseanairean aonta ri dreachd Geàrr-chunntas 7 Ògmhios 2016, le ùmhlachd do dh'atharrachadh air duilleag 5, 

[REDACTED] Bha
Coimiseanairean cuideachd airson nòta fhaicinn a chaidh a chur ri duilleag 4 às dèidh
na coinneimh [REDACTED]
[REDACTED]

Thug an Neach-gairm a' choinneamh gu crìch aig 12:30f, a' toirt taing dhaibh airson an
oidhirpean 's an cuideachaidh.